

Bòrd MG ALBA

9 Màrt 2023

PQ, Glasgow

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan; Calum MacLeòid; Marion Nic na Ceàrdaich, Ceit Anna NicLeòid, Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette, Màiri Kidd, Rhoda NicDhòmhnail, Ingrid NicEanraig

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Sarah NicDhòmhnail [SMD] (Cunntasair)  
Donnie Dhòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
Uisdean MacLeòid [UML] (Manaidsear Obrachaidh – Teicneòlas) – puing 8  
Fiona NicChoinnich [FM] (Deasaiche Coimiseanaidh) – puing 9  
Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA) – puingean 9-11  
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**1. Leisgeulan**

1.1. Cha robh gin.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1. Nochd Marion Nic na Ceàrdaich ùidh fo phuing 15b agus sheas i a-mach às a' choinneamh airson a' phuing seo.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

3.1. 7/12/22 – molaichte le Màiri Kidd agus daingnichte le Ceit Anna NicLeòid.

3.2. 31/1/23 - molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Lisa Annette.

***Gnothaichean ag èirigh***

3.3. Bannan pàighidh 2023-24 – dh'innis DC nach dèabh còmhraidhean pàighidh a chumail fhathast agus gu robhas a' feitheamh stiùireadh bhon Riaghaltas airson 2023/24.

3.4. Thèid coinneamh ghoirid den Chomataidh ùr (faic 3.7) a ghairm a dh'aithghearr, le moladh a' tighinn chun Chomataidh. **(DC)**

3.5. Leas-Chatraiche – dh'innis an Cathraiche gu robh e a' bruidhinn ri Buill mu Chomataidhean agus ballrachd Chomataidhean. Thathas a' coimhead air Comataidh a' Chatraiche atharrachadh gu

Comataidh le dleastanas airson coimhead air adhart, le Lèirsinn na buidhne aig teis-meadhan obair na Comataidh.

3.6. Trèanadh: thèid planaichean a chuir an sàs.

3.7. **Gnìomh:** thèid Comataidh ùr a stèidheachadh leis an t-ainm Comataidh Lèirsinn. (MAMI)

#### 4. Geàrr-chunntasan nan Comataidhean

##### **Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

4.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le iomradh ga thoirt air geàrr-chunntas na coinneimh air 23/2/23 agus trì poileasaidhean airson aonta a' Bhùird - a) Gnàth Riaghailtean; b) Sgeama Tiomnachaidh agus Rianachd agus c) Còd Giùlain nam Ball.

4.2. **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riarachtaichte leis a' gheàrr-chunntas; 2) bha buill riarachtaichte gu robhas a' gluasad air am frèama-obrach dearbhaidh, le aithne gu bheil adhartas ga dhèanamh aig gach coinneamh agus an tuilleadh obrach ri dhèanamh airson a dhèanamh nas làidire buileach; 3) dh'aontaich buill ri na poileasaidhean a bh' air am beulaibh le aithne gu robh aona cheist fhathast ri rèiteachadh le Ofcom san Sgeama Tiomnachaidh.

4.3. **Gnìomh:** thèid na poileasaidhean am foillseachadh. (MAMI)

#### 5. Aithris a' Chathraiche

5.1. Dh'innis an Cathraiche gun do choinnich e ri cuid a luchd-obrach ann an Steòrnabhagh agus Glaschu agus gun coinnich e ris a h-uile duine rè ùine.

5.2. Luchd-poilitigs - choinnich an Cathraiche ri Ministear na Stàite aig DCMS, Fo-Rùnaire na Stàite airson Alba bho Oifis na h-Alba, Buill Pàrlamaid san fharsaingeachd agus ri Morair Dunlop. Bha deagh rùn agus blàths sna coinneamhan.

5.3. Thug EMD iomradh air adhartas le luchd-ùidh (faic puing 12) agus gum biodh an Cathraiche agus i fhèin aig tachartas aig Queen Elizabeth House, Dun Èideann air an 16/3/23.

5.4. BBC - dh'innis an Cathraiche cuideachd gu bheil e air coinneachadh ri riochdairean bhon BhBC, an dà chuid oifigearan agus am ball neo-ghnìomhach airson Alba, Muriel Gray. Bha iad càirdeil agus taiceil agus a' lorg co-obrachadh a dh'obraicheas dhan dà thaobh.

5.5. **Co-dhùnadh:** Bha buill riarachtaichte.

5.6. **Gnìomh:** Thèid *fact sheet* a chruthachadh a bhios feumail airson gach neach. (EMD)

#### 6. Aithisg an AO + SAS

6.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àird-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta. Chaidh a ràdh gu robh rudan san robhas moiteil ach cuideachd mothachail air dùbhlain.

- 6.2. Chaidh deasbad a chumail mun aithisg, agus gu h-àraid mun ìre air an robh uallach airson luchd-ionnsachaidh a’ tuiteam air MG ALBA agus an robh sin air a thuigsinn le luchd-maoineachaidh. Dheigheadh coimhead air a’ cheist sin.
- 6.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur, dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fairear do Aithisg an Àird-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh.

## 7. Dèanadas agus Cunntasan Q3

- 7.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt sealladh don Bhòrd air Coileantachd amasan (KPIs) a’ Phlana Obrachaidh bliadhna; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a’ Phlana Obrachaidh bhliadhna agus chaidh deasbad a chumail. Bha aithne ann gu robh ruigse nam meadhanan Gàidhlig a’ dol sìos agus gu feumadh seo a chumail fo dheasbad aig gach ìre.
- 7.2. Chaidh a dhaingneachadh gu bheil còmhraidh air a bhith ann le Riaghaltas na h-Alba a thaobh an t-airgead a bhiodh air fhàgail air deireadh na bliadhna ionmhais agus gu bheil iad riarachta cho fad ‘s a thèid an t-airgead a chosg ro dheireadh an t-luchar.
- 7.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisgean Dèanadais na ràithe mu dheireadh, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fairear de aithisgean air ìrean coileantachd amasan agus bhuidseatan MG ALBA airson an ràithe suas gu 31 Dùbhlachd 2022 agus gu robh na prìomh phuingean leasachaidh air an comharrachadh agus fo phlana gnìomh.

## 8. Clàr Riosgan

- 8.1. Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall.
- 8.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fairear a ghabhail do na puingeann a thog a’ Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad riarachta gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-ìomchaidh agus, chun ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh.

## 9. Cruthachas – dràma, comadaidh agus tàlant

- 9.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh an t-àite a th’ aig dràma is comadaidh ann an ro-innleachd susbaint BBC ALBA.
- 9.2. Chaidh fàilte a chur air MM agus FM chun choinneamh agus thug iad, cuide ri MC, seachad taisbeanadh a’ bha a’ sealltainn mar a chaidh dràma agus comadaidh a leasachadh thairis air na bliadhnaichean mu dheireadh.
- 9.3. Chur buill fàilte air an taisbeanadh, le cuid ag ràdh gu robh e a-nis follaiseach càite an deigheadh airgead a bharrachd chosg nam b’ e ‘s gu faighear a leithid.

- 9.4. Chaidh ceist a chur a thaobh an ro-innleachd a bh' ann airson sgrìobhadairean a thoirt air adhart agus am pàirt a bha *adaptations* a' cluich an sin.
- 9.5. Chaidh aithne a thoirt do shoirbheachas am film Èireannach An Cailín Ciúin a bha gu bhith aig na h-Oscars agus chaidh faighneachd dè bhathas ag ionnsachadh bhon t-soirbheachas sin. Chaidh a ràdh gu bheil bun-structar dràma aca ann an Èireann le siaban a tha air a bhith a' ruith airson bliadhnaichean; gu bheil buidhnean maoineachaidh agus siostam chisean fàbharach an sin; agus gu robh e comasach dhaibh co-obrachadh a stèidheachadh le na buidhnean sin a bha deònach feitheamh bliadhnaichean airson nam filmichean a thoirt gu sgrìn telebhisean. Airson BBC ALBA, leis a' bhuidheas bheag a th' ann, cha bhiodh dràma air an t-seanail airson greis nam biodh sinn dha chuir gu ruige film. Mar sin, thathas a' feuchainn ri seo a leasachadh fhad 's aig an aon àm a' cumail phrògraman ris an luchd-amhairc.
- 9.6. Le ceistean a' tighinn bho luchd-poilitigs a thaobh dè dhèanar leis an tuilleadh airgid, chaidh faighneachd dè na cothroman a th' ann a thaobh co-obrachadh le BBC Scotland air pròiseactan agus a thaobh a bhith ag àrach sgrìobhadairean. Chaidh innse nach robh mòran chothroman ann agus an do thòisich Bannan ach gur e a bhith gan altram agus a' toirt chothroman dhaibh gus misneachd a thoirt dhaibh an rud an robhas a' feuchainn ri dhèanamh.
- 9.7. Chaidh innse gu bheil obair a' dol gus cothroman sgrìobhaidh rèidio a leasachadh.
- 9.8. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus taiceil, agus gu robh iad air molaidhean a thabhann a chuireadh ri soirbheas miann na buidhne airson cruthachas anns na meadhanan Gàidhlig.
- 9.9. **Gnìomh:** thig fios gu coinneimh an Ògmhios mu leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann le BBC Scotland agus dè nithear leis an tuilleadh airgid. (MC)

## 10. Rannsachadh nam Meadhanan Gàidhlig

- 10.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air an seòrsa fios/ anailis a tha a' tighinn thugainn bhon rannsachadh a tha pannail TRP a' dèanamh às ar leth and bhon fhios/ anailis a tha a' tighinn thugainn bhon BhBC.
- 10.2. Chaidh innse gun tèid MG ALBA a-mach le cuireadh gu tairgse airson seirbheis rannsachaidh (a tha aig companaidh TRP an-dràsta agus a tha a' tighinn gu crìoch 30/9/23) air a' mhios seo.
- 10.3. Chaidh deasbad a chumail mu cho cudromach 's a bha e gu bheileas a' faighinn dealbh iomlan agus gu bheil tuigse ann air ciamar a tha luchd-cleachdaidh a' cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig thar ùrlaran.
- 10.4. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbhadh am Bòrd gu robhas air an aon ràmh mu fheumalachdan rannsachaidh an ùine

fhada agus gu robh iad air molaidhean a thabhann a chuidicheadh leis an obair a bha ron bhuidheann.

- 10.5. **Gnìomh:** thig dreachd cuireadh gu tairgse airson seirbheis rannsachaidh a cho-roinn le buill mus tèid fhoillseachadh. (MC)

## 11. Lèirmheas Co-bhanntachd BBC ALBA

- 11.1. Tha sgrùdadh air a' cho-bhanntachd eadar MG ALBA agus am BBC a' leantainn. Tha am pròiseas a' dlùthachadh ri bhith a' dealbhachadh molaidhean anns na 6 seachdainean air thoiseach agus chaidh aithris a thoirt seachad agus taisbeanadh a shealltainn mun adhartas thar nan 12 raon-obrach seo.
- 11.2. Chaidh a dhaingneachadh gu bheil e riatanach gu bheil soilleireachadh ann a thaobh riaghlachas agus cunntalachd agus sgaradh ann eadar obair riaghlachas agus obair manaidsearachd.
- 11.3. Chaidh ceist a chur a thaobh a bheileas dol a dh'fhaighinn barrachd bhon BhBC a thaobh *discoverability* agus chaidh innse gu bheil iad ag obair gus seo a thoirt air adhart.
- 11.4. Aig an aon àm bha aithne ann gu feum susbaint sam bith a bhith brìghmhor agus buaidhmhor.
- 11.5. Chaidh faighneachd an robh dòigh ann as an cuidicheadh am Bòrd agus chaidh a ràdh gum biodh e math nan gabhadh buill fa leth cothrom sam bith nan obraichean fa leth gus an iomairt seo a choiteachadh.
- 11.6. Chaidh a dhaingneachadh cho cudromach 's a bha clàr de dol an sàs.
- 11.7. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus air cothrom stiùir is comhairle a thoirt seachad.
- 11.8. **Gnìomh:** 1) thèid coimhead ri clàr thachartasan a chur air dòigh, a' gabhail a-steach coinneachadh ri DG a' BhBC [ann an Steòrnabhagh ma ghabhas], Bòrd a' BhBC agus an Comataidh Albannach a thoirt còmhla agus Àrd-Oifigear Ofcom fhaighinn chun na h-eileanan (EMD); 2) thèid seisean neo-fhoirmeil a chur air dòigh gus ro-mholaidhean (pre recommendations) a chur mu choinneamh Bòrd MG ALBA. (MC)

## 12. Luchd-ùidhe

- 12.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan cuspairean a chaidh aontachadh agus na raoitean air a bheilear a' coimhead mar phrìomhachas ann a bhith a' feuchainn ri bunait luchd-ùidh MG ALBA a bhrosnachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid an Lèirsinn a lìbhrigeadh agus chaidh deasbad a chumail.
- 12.2. Chaidh innse gur e prìomh obair na buidhne an-dràsta sgrùdadh Com-pàirteachas a' BhBC, Riaghaltas na RA a thaobh Bile nam Meadhanan agus Riaghaltas na h-Alba a thaobh ar rèiteachadh bliadhnail.

- 12.3. Chaidh a dhaingneachadh gu bheilear fhathast a’ cumail chòmhradhean an dà chuid airson a bhith ann am Bile nam Meadhanan ach cuideachd ann an Cairt a’ BhBC.
- 12.4. Chaidh aontachadh gu bheil e fìor chudromach còmhradhean a chumail a’ dol le gach prìomh phartaidh.
- 12.5. Chaidh innse le EMD gu robh i aig coinneamh le DCMS air 8/3/23 far an deach a ràdh ri DCMS nach eil e soilleir ciamar, mar a bha DCMS a’ moladh, as urrainn Cairt a’ BhBC rèite a chur an gnìomh airson nam meadhanan Gàidhlig uile agus gu robh dùil, mas e ‘s nach biodh dìon iomchaidh ann am Bile nam Meadhanan airson na meadhanan Gàidhlig, gu robh dùil gum bithear a’ lorg atharrachadh (*amendment*) ann am Bile nam Meadhanan tro Thaigh nan Cumantan no tro Thaigh nam Morairean.
- 12.6. Thuirt EMD cuideachd gu robh feum air briathrachas iomchaidh fhaighinn a-steach gu manifestos gach pàrtaidh.
- 12.7. **Co-dhùnadh:** bha aonta ann, ma tha daoine a’ coinneachadh ri Buill Pàrlamaid sam bith, gun tèid innse do EMD gus am faigh i air clàr a chumail air còmhradhean.

### **13. Plana Chorporra 2023/24-2025/26**

- 13.1. Bha dreachd Phlana Obrachaidh 2023/24 gu 2025/26 air beulaibh bhuill. Chaidh innse nach eil e air a bhith comasach fhathast plana iomlan 3-bliadhna a chruthachadh ach anns a’ phàipear a bha air am beulaibh gu robhas a’ toirt dealbh air na pìosan mòra obrach a tha ron bhuidhinn sna 3 bliadhna air thoiseach.
- 13.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill gabhail fainear don phàipear cho-dhùin am Bòrd gabhail ris an t-slighe air an robh an dreachd Plana, le molaidhean a thaobh chuspairean agus phrìomhachasan, agus gun tilleadh dreachd deireannach air beulaibh a’ Bhùird aig an ath choinneimh.

### **14. Plana Obrachaidh 2023/24**

- 14.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh gun deach dreach Phlana Obrachaidh 2023/24 tron Bhòrd air 31 Faoilleach 2023 agus gun deach an dreach sin a chur gu Ofcom, nach eil air ceistean bunaiteach a thogail.
- 14.2. Chaidh faighneachd am biodh e feumail nan deigheadh cuid den t-airgead a chosg air luchd-obrach/daoine air taobh teicneòlas agus didseatach agus air pròiseact *tech* a bheireadh am buidheann air adhart le bhith a’ coimhead ris an àm ri teachd, le fios gu bheil comasan an iPlayer air a chuingealachadh gu ìre. Dh’fhaodadh airgead bhon taobh a-muigh ri fhaighinn airson seo.
- 14.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, cho-dhùin am Bòrd aontachadh ris a’ Phlana Obrachaidh 2023/24.

14.4. **Gnìomh:** 1) thèid fiosrachadh mun bheachd airson *Community Content Partnership* a cho-roinn mas e 's gu bheil mainn aig buidhnean coimhearsnachd a thoirt air adhart; 2) thèid còmhraidhean mu phrìomhachasan didseatach a chumail leis a' Chomataidh ùr. (DC)

## 15. Cùmhnantan riochdachaidh

### a) Spòrs

15.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun deach cuireadh gu tairgse airson obair riochdachaidh Spòrs fhoillseachadh air 16/2/23 le ceann là airson tagraidhean air 17/3/23.

15.2. Le buidseat **Ex sa bhliadhna [fios glèidhte]** airson trì bliadhna, bidh a' chùmhnant a' lìbhrigeadh suas gu 176 uairean gach bliadhna de spòrs beò a' togail air na còirichean a chaidh an glèidheadh/sa bheairt.

15.3. A' dol air adhart, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2, thèid iarraidh air a' Chathraiche an ùghdarras aige a chur ri ùghdarras nan oifigearan mus tèid cùmhnant a shoighigeadh, agus gus seo a cheadachadh tillear chun Bhùird nuair a tha "preferred supplier" againn agus nuair a tha fianais air sgrùdadh ionmhasail, teicnigeach is cruthachail ri shealltainn.

15.4. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

15.5. **Gnìomh:** Thèid coinneimh shònraichte a chumail air 29 Màrt 2023. (MAMI)

### b) Comadaidh

15.6. Bha pàipear air beulaibh bhall le moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson **Ex [fios glèidhte]** a chosg air coimisean airson mu 3 x 30 mionaidean de chomadaidh bhon Comedy Unit airson sreath ghoirid "Glan Fhèin" sgrìobhte le Hannah MacKirdy is Lanan Pheutan.

15.7. Tha an ni seo glèidhte chun Bhùird air sgath 's gu bheil e a' cosg nas motha na £100k san uair, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2.

15.8. **Co-dhùnadh:** thug am Bòrd ùghdarras seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson sreath ghoirid "Glan Fhèin" bhon Comedy Unit.

### c) Dràma

15.9. Bha pàipear air beulaibh bhall le moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson **Ex [fios glèidhte]** a chosg air coimisean airson mu 15 mionaidean de dhràma bhon companaidh Macanta.

15.10. Tha an ni seo glèidhte chun Bhùird air sgath 's gu bheil e a' cosg nas motha na £100k san uair, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2.

15.11. **Co-dhùnadh:** thug am Bòrd ùghdarras seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson drama ghoirid "Falt" bho Macanta.

## 16. Clàr-ama/cinn-là cudromach

16.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' sònrachadh do bhuill nithean a tha romhainn sna mìosan air thoiseach.

16.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, ghabh am Bòrd fainear.

16.3. **Gnìomh:** thèid beachdachadh air na dòighean às fheàrr airson buill ceangal a dhèanamh le luchd-ùidh ann an coimhearsnachdan. (EMD)

**17. GISBE**

17.1. Feumar coimhead ri cò na buill a thèid an cuir air gach Comataidh. (MAMI)

**18. Deit na h-ath choinneimh – 15/6/23, Steòrnabhagh**

Aig deireadh na coinneimh, fhuair buill taisbeanadh bho Scott Smyth agus Mirren Buchanan thairis air làn air SpeakGaelic

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: